



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

Plana Gàidhlig 2023-2026

Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean

Is e ùghdarras buntainneach ainmichte a th' ann an Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) taobh a-staigh [Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#). Mar sin, bha ar Plana Gàidhlig ùr buailteach do chiad sgrùdadh gus dearbhadh an robh Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean riatanach, airson beachdachadh air a bheil e coltach buaidh a thoirt air coimhearsnachd eileanach, a tha diofraichte gu mòr bho a bhuidh air coimhearsnachdan eile (a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach eile) (Earrann 8 den Achd).

A' leantainn mion-sgrùdadh air dàta a bha againn agus co-chomhairleachadh nas fharsainghe, chaidh co-dhùnadh gum biodh buaidh dhearbhadh aig Plana Gàidhlig 2023-2026 air mòran de Choimhearsnachdan nan Eilean, le bitheantas de luchd-labhairt Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha làitheil agus a cultar. Mar sin, cha bhi buaidhean millteach sam bith aig ar Plana Gàidhlig 2023-2026 air coimhearsnachdan nan eilean agus cha robhar den bheachd gun robh Làn Mheasadh Buaidh riatanach.

Ciad Sgrùdadh

Ceum a h-Aon: Leasachadh tuigse shoilleir air cinn-uidhe:

- A bheil am poileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis, **ùr** no **fo** ath-sgrùdadh?
- Dè na cinn-uidhe a th' aig a' phoileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis?
- Ciamar a tha eileanan gan comharrachadh airson adhbhar poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis.
- Dè na buaidhean / builean a thathar a' sùileachadh agus ciamar a dh'fhaodadh iad a bhith diofraichte sna h-eileanan?

Cùl-fhiosrachadh – Plana Gàidhlig ùr

Is e Buidheann Poblach Neo-roinneil (NDPB) carthannach a th' ann an HES le dleastanasan reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2014. Is e a phrìomh dhleastanas a bhith a' sgrùdadh, a' toirt cùram do agus ag adhartachadh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba agus a bhith a' stiùireadh a chruinneachaidhean mar ghoireas nàiseanta airson iomradh, sgrùdadh agus rannsachadh – mar a tha mìnichte anns an Sgrìobhainn Frèam-obrach eadar Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Riaghaltas na h-Alba.

Tha Eagan 2 de Phlana Gàidhlig Àrainneachd Eachdraidheil Alba air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan, mar a chomasaicheas sinn

cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh Gàidhlig.

Tha am plana againn air ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha minichte ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le làn aire ga thoirt dha [Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023](#) agus [Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig](#). Tha ar plana a' co-thaobhadh libhrigeadh ri amasan iomlan a' phlana: a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig, a' meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig agus ag adhartachadh iomhaigh dhearbhadh air Gàidhlig.

Cinn-uidhe Poileasaidh

Tha am Plana Gàidhlig ùr 2023-2026 a' mìneachadh ar n-amasan, gnìomhan agus Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) co-cheangailte a thaobh dìon agus adhartachadh air a' Ghàidhlig. Tha am plana air a thogail gus ar prìomhachasan ro-innleachdail a ghabhail a-steach agus mar a choileanas sinn na h-amasan seirbheis chorporra a tha minichte le Bòrd na Gàidhlig. Tha ar prìomhachasan ro-innleachdail mar a leanas:

1. Obraichidh sinn còmhla le coimhearsnachdan gus cànan is cultar na Gàidhlig adhartachadh agus a ghleidheadh. Èistidh sinn ri coimhearsnachdan agus bheir sinn taic dhaibh gus ceangal ri, comharrachadh agus tlachd a ghabhail às an àrainneachd eachdraidheil agus an dualchas, a' leasachadh thoraidhean ùra cruthachail.
2. Rannsaichidh sinn cothroman do luchd-labhairt na Gàidhlig air bun-phreantasachdan, nuadh-phreantasachdan, socrachaidhean ceuma agus greisean-gnìomhachais, a' leantainn air adhart a' leasachadh obair shaor-thoileach taobh a-staigh Àrainneachd Eachdraidheil Alba.
3. Stiùiridh sinn rannsachadh a tha a' neartachadh ar tuigse don Ghàidhlig ann an co-theacs na h-àrainneachd eachdraidheil agus ar dualchais chultarach do-bheantainneach (ICH).
4. Cuiridh sinn atharrachaidhean an gnìomh a tha stèidhichte air toraidhean ar Ath-sgrùdaidh Eadar-mhìneachaidh Gàidhlig agus roinnidh sinn na toraidhean sin le càch gus an cleachdadh as fheàrr fhiosrachadh.
5. Stèidhichidh sinn agus togaidh sinn air com-pàirteachasan le clann agus daoine òga, pròifeiseantaich foghlaim agus buidhnean eile gus leantainn air adhart a' leasachadh ionnsachadh tarraingeach agus goireasan foghlaim ann an Gàidhlig.
6. Meudaichidh sinn cothroman airson ionnsachadh tron Ghàidhlig mu atharrachadh gnàth-shìde, bith-iomadachd agus cruth-tìre tro Ghàidhlig.
7. Cuiridh sinn taic ri ar co-obraichean gus Gàidhlig ionnsachadh is tuigse mheudaichte fhaotainn air cànan is cultar na Gàidhlig agus mar a tha co-cheangailte ri ar n-obair.
8. Comharraichidh sinn agus adhartaichidh na Gàidhlig do luchd-èisteachd nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
9. Leanaidh sinn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le càch gus Gàidhlig adhartachadh aig ìre nàiseanta, le bhith a' com-pàirteachadh ann an sruthan-obrach Ìre Adhartais nas Luaithe.

10. Comharraichidh sinn ar n-euchdan agus ar soirbheachas ann an Gàidhlig agus obraichidh sinn le càch gus ar n-eòlasan a roinn agus an cleachdadh as fheàrr a leasachadh.

Comharrachadh Eileanan sa Phlana

Tha ùidh shònraichte againn ann a bhith ag obair le coimhearsnachdan eileanach, agus buidhnean stèidhichte annta, gus taic a thoirt do chànan is do chultar na Gàidhlig far as bitheanta a tha Gàidhlig, nar Plana Gàidhlig 2023-2026. Tha seo a' gabhail a-steach cuimse shònraichte air eileanan far as bitheanta a tha Gàidhlig ga labhairt, no *Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig* gan comharrachadh mar iadsan anns Na h-Eileanan Siar, An t-Eilean Sgitheanach, Tiriodh, Ìle agus Diùra – àiteachan far an robh, ann an cunntas-sluaigh 2011, comasan ann an Gàidhlig aig 20% no barrachd den àireamh-sluaigh.

Builean san amharc

Tha sinn an dòchas gun tig builean buannachdail à gnìomhan is amasan a' phlana seo, a' gabhail a-steach na leanas:

- Tha HES a' cur taic ri cànan is cultar na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan eilean, le cuimse air coimhearsnachdan Gàidhlig, tro na gnìomhachdan is gnìomhan sa Phlana Ghàidhlig againn.
- Tha HES agus càch a tha ag obair ann an coimhearsnachdan Gàidhlig air am fiosrachadh mu dheidhinn mar as urrainn dhaibh barrachd taic a thoirt do choimhearsnachdan ann an sgìrean far a bheil àireamh àrd de luchd-labhairt Gàidhlig.
- Tha HES a' stèidheachadh agus a' togail air com-pàirteachasan le buidhnean coimhearsnachd is buidhnean eile a tha stèidhichte sna h-eileanan no aig a bheil buaidh dheimhinneach air coimhearsnachdan nan eilean tro an obair.
- Bidh cuimse shònraichte aig na gnìomhan is gnìomhachdan sa Phlana Ghàidhlig air coimhearsnachdan nan eilean seach gu bheil a' mhòr-chuid de phrìomh choimhearsnachdan Gàidhlig stèidhichte sna h-eileanan.

Ceum a Dhà: Tionail do dhàta agus comharraich do luchd-ùidhe

- Dè an dàta a tha ri fhaotainn mun t-suidheachadh làithreach sna h-eileanan?
- Ciamar a tha dàta a th' ann mar-thà diofraichte eadar na h-eileanan?
- A bheil feartan dealbhaidh no lasachaidhean nan àite mar-thà?

Dàta a tha ri fhaotainn

- **Aithisg cunntas-sluaigh 2011 mun Ghàidhlig**
Tha an aithisg seo a' toirt mion-fhiosrachadh air staitistigean bho chunntas-sluaigh 2011 mu chleachdadh na Gàidhlig ann an Alba agus tha fiosrachadh ann mu chleachdadh na Gàidhlig le luchd-còmhnaidh nan eilean. Sgrùdaidh sinn an dàta bho chunntas-sluaigh 2022 a thaobh cleachdadh na Gàidhlig le luchd-còmhnaidh nan eilean nuair a bhios am fiosrachadh sin ri fhaotainn.

Am measg nam Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig air an comharrachadh leis an dàta seo, tha iadsan anns na h-Eileanan Siar, An t-Eilean Sgitheanach, Tiriodh, Ìle agus Diùra – àiteachan far an robh, ann an cunntas-sluaigh 2011, comasan ann an Gàidhlig aig 20% no barrachd den àireamh-sluaigh.

- **Rannsachadh: *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community (2020)* (*Cùis-èiginn na Gàidhlig sa Choimhearsnachd Thraidiseanta*)**

Tha sinn mothachail do rannsachadh às ùr agus na molaidhean a tha buntainneach don Ghàidhlig agus coimhearsnachdan nan eilean leithid *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community (2020)*, Conchúr Ó Giollagáin, Gòrdan Camshron, Pàdruig Moireach, Brian Ó Curnáin, Iain Caimbeul, Brian MacDonald, Tamás Péterváry. Bidh sinn a’ strì ri Gàidhlig a neartachadh ann an coimhearsnachdan nan eilean le ar n-aire air an rannsachadh.

- **Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig: Aithisg gu Rùnaire a’ Chaibineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh (2023).**

Cuiridh HES taic ris na molaidhean a tha san aithisg seo far a bheil sinn air ar n-ainmeachadh agus obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le càch gus cur ris na molaidhean.

Tha sinn a’ tuigsinn bhon fhiosrachadh agus an dàta gu h-àrd gu bheil tuilleadh taic a dhìth airson Gàidhlig a neartachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan agus taic do dh’oidhirpean ath-bheothachaidh. Chaidh na prìomhachasan ro-innleachdail nar Plana Gàidhlig a chruthachadh agus aire ga thoirt don cho-theacsa seo agus ar feum air taic a thoirt don Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan nan eilean.

Tha sinn den bheachd gum bi buaidh bhuannachdail aig a’ phlana againn air neartachadh na Gàidhlig agus mar sin taic don chànan labhairte agus do chultar nam mòran choimhearsnachdan eileanach air feadh Alba. Bidh sinn a’ cuimseachadh air taic do phrìomh choimhearsnachdan Gàidhlig a tha sna h-eileanan, tro na gnìomhan sa phlana againn agus tro obrachadh còmhla ris na coimhearsnachdan sin gus an dualchas Gàidhlig a rannsachadh, a dhìon agus tlachd a ghabhail às.

Leanaidh sinn air adhart a’ sireadh chothroman air obrachadh ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan, Comainn Eachdraidh, buidhnean agus na comhairlean far a bheil prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig eileanach stèidhichte, a’ gabhail a-steach dlùth-obrachadh le Fòram Dualchais Innse Gall agus Comhairle nan Eilean Siar nan obair co-cheangailte ri dualchas, Gàidhlig, obair coimhearsnachd agus an àrainneachd eachdraidheil.

Ceum a Trì: Co-chomhairleachadh

- Cò leis a dh’fheumas tu co-chomhairleachadh?
- Ciamar a choileanas tu do cho-chomhairleachadh?
- Dè na ceistean a chuireas tu ann am beachdachadh air dèiligeadh ri fìor shuidheachaidhean nan eilean?

- Dè am fiosrachadh a tha air a thional mar-thà tro cho-chomhairleachaidhean agus dè na draghan a chaidh a thogail?

Chuir sinn co-chomhairleachadh poblach an gnìomh airson an Dreach Plana Gàidhlig 2023-2026 aig HES, airson 6 seachdainean bho 8 Màrt – 19 Giblean 2023 air-loidhne tro Citizen Space. Bha an t-àrd-ùrlar seo a' ceadachadh do neach sam bith an ais-fhiosrachadh aca mun dreach plana againn a chur a-steach. Fhuair sinn 33 freagairtean, a' gabhail a-steach 5 freagairtean ann an Gàidhlig, agus freagairtean bho 3 buidhnean (Acadamaidh na h-Iomairt Shòisealta, Oilthigh Dhùn Èideann agus VisitScotland).

Chaidh an co-chomhairleachadh adhartachadh tro lìonraidhean proifeiseanta, ar sianalan mheadhanan sòisealta agus nochdadh e sna pàipearan-naidheachd nàiseanta, a' gabhail a-steach dà agallamh le BBC Radio nan Gàidheal agus artaigil air duilleag aghaidh an Scotsman. Bha ar puist mheadhanan sòisealta cuimsichte air luchd-labhairt na Gàidhlig agus coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan nan eilean.

Bhathar ag iarraidh pàirt den chòd-puist airson ghnìomhachdan sònraichte agus goireasan ionnsachaidh a tha feumail agus buntainneach ann an cur taic ri coimhearsnachdan ann an sgìrean far a bheil bitheantas de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha an àireamh de fhreagairtean don cho-chomhairleachadh bho dhaoine fa leth a' còmhnaidh ann an sgìrean ùghdarrais ionadail, le eileanan far-thìre le sluagh orra, air an ainmeachadh gu h-ìosal:

- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (3 freagairtean)
- Comhairle nan Eilean Siar (Neoini fhreagairtean)
- Comhairle na Gàidhealtachd (Neoini fhreagairtean)
- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath (1 fhreagairt)
- Comhairle Eileanan Arcaibh (Neoini fhreagairtean)
- Comhairle Eileanan Shealtainn (1 fhreagairt)

Chuir sinn a' cheist a leanas nar co-chomhairleachadh poblach: *Dè a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig a' Phlana Ghàidhlig againn air daoine ann an coimhearsnachdan nan eilean?*

Fhreagair 17 a-mach à 33 den luchd-fhreagairt a' cheist seo. Bha mòr-chuid àibheiseach den bheachd gum bi buaidh dhearbhadh aig a' Phlana Ghàidhlig againn air daoine ann an coimhearsnachdan nan eilean.

Am measg nam buaidhean dearbhach, bha:

- Cruthachadh chothroman do na coimhearsnachdan sin co-cheangailte ri foghlam, cosnadh agus gnìomhachdan cleasachail.

- Taisbeanadh luach do chànan agus do chultar mòran choimhearsnachdan sna h-eileanan.
- Brosnachadh cleachdadh agus ionnsachadh air Gàidhlig.
- Neartachadh dearbh-aithne nan coimhearsnachdan sin agus pròis nan dualchas.

Fhuair eadh beachdan cuideachd mu ar tuigse do na coimhearsnachdan eileanach sin a leasachadh, agus nach eil àireamh àrd de luchd-labhairt Gàidhlig anns na coimhearsnachdan eileanach uile.

Gheibhear geàrr-iomradh air a' cho-chomhairleachadh phoblach air an làraich-lìn againn taobh ri taobh leis a' Phlana Ghàidhlig 2023-2026 againn.

Ceum a Ceithir: Measadh

Feumaidh sibh a-nis dearbhadh a bheil nur beachd-sa, am poileasaidh, ro-innleachd no seirbhes buailteach air buaidh a thoirt air coimhearsnachd eileanach, a tha diofraichte gu mòr bho a bhuidh air coimhearsnachdan eile (a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach eile).

Gus a thighinn gu co-dhùnadh, bu chòir beachdachadh air na ceistean a leanas (dubh às THA/CHAN EIL mar as iomchaidh) agus mìneachadh no fianais sam bith eile a tha ri fhaotainn gu h-ìosal:

A bheil do mheasadh a' comharrachadh buaidhean air leth sam bith air coimhearsnachdan eileanach? **Chan eil.**

A bheil do mheasadh a' comharrachadh bhacaidhean san amharc no buaidhean nas fharsainghe? **Chan eil.**

A bheil an fhianais a' nochdadh shuidheachaidhean eadar-dhealaichte no dùilean no feumalachdan diofraichte, no eòlasan no builean diofraichte (leithid diofar ìrean de riarachas, no diofar ìrean de chom-pàirteachadh? **Chan eil.**

A bheil na diofar bhuidhean sin coltach? **Chan eil.**

A bheil na buaidhean sin diofraichte gu mòr? **Chan eil.**

Am faodadh a' bhuidh a bhith na h-na-cothrom do choimhearsnachd eileanach ann an coimeas ri buidhnean thìr-mòr no buidhnean eadar-eileanach? **Chan fhaodadh.**

Mas e CHAN EIL am freagairt do na ceistean gu h-àrd CHA BHI feum air làn aithisg ICIA agus faodaidh tu a dhol air adhart gu Ceum a Sia.

Tha na freagairtean uile "Chan eil" stèidhichte air an fhianais a tha ri fhaotainn agus air a' mhodh-obrach san amharc aig HES, mar sin chan eil feum air làn ICIA.

Ceum a Sia: Dèanamh atharrachaidhean air an obair agad

Innis mar a tha atharrachaidhean sam bith gu bhith dèante air an obair agad gus buaidhean sam bith air coimhearsnachdan eileanach a lasachadh. Mura bi atharrachaidhean dèante, ainmich seo agus innis carson.

- Am bu chòir uidheaman/lasachaidhean libhrigidh a bhith eadar-dhealaichte ann an diofar choimhearsnachdan?
- A bheil feum air co-chomhairleachadh le coimhearsnachdan nan eilean a thaobh uidheaman no lasachaidhean?
- A bheil suidheachaidhean nan eilean air am fighe a-steach don phròiseas luachaidh?
- A bheil comharran/targaidean a dh'aon ghnothaich do na h-eileanan air an comharrachadh agus a dh'fheumas an sgrùdadh?
- Ciamar a bhios builean air an tomhas air na h-eileanan?
- Ciamar a tha am poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis air buaidh a thoirt air coimhearsnachdan nan eilean?
- Ciamar a bhios na leasan a chaidh ionnsachadh san ICIA seo, a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh is libhrigeadh seirbheis san àm ri teachd.

Cha bhi droch bhuaidhean sam bith aig ar Plana Gàidhlig 2023-2026 air coimhearsnachdan nan eilean agus mar sin cha bhi uidheaman no lasachaidhean riatanach.

Tha an dòigh sam bi ar Plana Gàidhlig 2023-2026 air a sgrùdadh agus air a bhuileachadh, mìnichte gu h-ìosal.

Thèid Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh Plana Gàidhlig a stèidheachadh. Bidh uallach air a' bhuidheann seo airson leasachadh, buileachadh agus sgrùdadh air diofar thaobhan den Phlana Ghàidhlig againn.

Thèid Plana Gnìomha Gàidhlig a leasachadh a mhìnicheas mion-fhiosrachadh sònraichte, raointean ama, agus na sgiobaidheana tha na lùib, gus na gnìomhan, amasan agus Prìomh Chomharran Coileanaidh a thoirt gu buil a tha mìnichte sa Phlana Ghàidhlig. Thèid aithisg adhartais ràitheil a chumadh air an taobh a-staigh agus a roinn le Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig.

Crìochnaichidh sinn aithisg sgrùdaidh bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig. Bidh an aithisg seo ri faotainn gu poblach air an làraich-lìn againn.

Tha sinn air prìomh chomharran coileanaidh àrd-ìreil (PCC) a chomharrachadh gus soirbheachadh a' Phlana Ghàidhlig againn a thomhas.

PCC 1: Bun-loidhne air a stèidheachadh agus ag aithris air tabhartasan is maoinachadh co-cheangailte ri Gàidhlig.

PCC 2: Deuchainn sgrùdaidh air a chrìochnachadh gus dearbhadh mar as fheàrr as urrainn do HES taic a chur ri coimhearsnachdan le àireamh mhòr de luchd-labhairt Gàidhlig.

PCC 3: Misneachd is fileantachd sa Ghàidhlig a thaobh co-obraichean HES air a mheudachadh.

PCC 4: Tuigse cho-obraichean HES don Ghàidhlig air a mheudachadh agus mar a tha sin co-cheangailte ris an obair againn.

PCC 5: Dh'obraich sinn le ar com-pàirtichean gus deagh chleachdadh ann an Gàidhlig a stèidheachadh agus a roinn.

PCC 6: Chaidh 80% no barrachd de Amasan Seirbheis Chorporra a choileanadh ro dheireadh ar Plana Gàidhlig 2023-2026.

Bidh gnìomhachdan sònraichte nar plana gu h-àraid buntainneach do choimhearsnachdan nan eilean, gu sònraichte prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig le àireamh nas àirde de luchd-labhairt Gàidhlig. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air daoine a' còmhnaidh ann an coimhearsnachdan eileanach agus gum bi cothrom aca a bhith an sàs ann an gnìomhan is gnìomhachdan a bhios de dh'ùidh dhaibh no a bhios gu h-àraid buntainneach dhaibh. Mar eisimpleir, nar n-obair fo KPI 2 'Deuchainn sgrùdaidh crìochnaichte gus dearbhadh mar as fheàrr as urrainn do HES taic a chur ri coimhearsnachdan le àireamh mhòr de luchd-labhairt Gàidhlig', nì sinn cinnteach gu bheil na coimhearsnachdan sin air an gabhail a-steach agus air an co-chomhairleachadh san deuchainn seo.